

Fuaran



A' cruinneachadh òrain

A' sgrùdadh òrain

**Taic bho eòlaichean ciùil
agus seinneadairean**

A' clàradh òrain as ùr

Ag ullachadh phrògraman

Ag obair le co-aoisich

Collecting songs

Studying songs

**Support from experienced
researchers and singers**

Re-recording songs

Preparing programmes

Working with other young people



**LOTTERY FUNDED
MAOINICHTHE LEIS
A' CHRANNCHUR**

Tobar an Dualchais

A' cruinneachadh, a' rannsachadh, ag ionnsachadh agus a' clàradh òrain Ghàidhlig

Collecting, researching, learning and recording Gaelic songs

Ma tha ùidh agaibh ann an gin de na cuspairean shuas, chòrdadh Fuaran ribh!

Le taic bhon Stòras Dhualchais a' Chrannchuir Nàiseanta - Freumhan Òga tha Fèisean nan Gàidheal, an co-bhonn le Tobar an Dualchais, a' toirt cothrom do dh'òigridh (16-24 bliadhna dh' aois) a bhith an-sàs ann an beartas òrain ionadail Ghàidhlig.

Tha iomadh seòrsa òran a measg òrain Ghàidhlig, agus òrain gun aithneachadh agus gun fhoillsicheadh fhathast ann an coimhearsnachdan ionadail. Chan eil na sgeulachdan air cùl nan òran cho aithnichte nas motha, agus thathar an dòchas gun tig iad am bàrr leis a' phròiseict seo. Le taic bho eòlaichean ciùil agus seinneadairean seann-nòs, thèid taghadh dhe na h-òrain ath-chlàradh airson an toirt air ais do na coimhearsnachdan dham buin iad. Bidh cothroman ann prògraman radio, podcasts no bhideoan a chruthachadh stèidhichte air sgeul nan òran.

Thathas ag iarraidh òigridh le ùidh sa chuspair àite a ghlèidheadh. Gheibhear trèanadh freagarrach tro Fhèisean nan Gàidheal agus Tobar an Dualchais.

Gheibhear taic le cosgaisean agus thèid aithneachadh air oidhirp neo-eisimeileach agus bidh teisteanas air a thoirt seachad dha na daoine soirbheachail.

If you are interested in any of the above then Fuaran could be for you!

With support from the Heritage Lottery Fund Young Roots Programme Fèisean nan Gàidheal, in partnership with Tobar an Dualchais, is offering an opportunity for young people aged 16 -24 to engage with their local song culture in a collection.

There are many song-types represented within the Gaelic song tradition - some still unpublished or not known in local communities. The stories and context of the songs may not be widely known. This project will help uncover those hidden treasures and also further our knowledge of the history of previously collected songs. With help from experts and traditional Gaelic singers, a selection of the songs will be learnt, re-recorded and then made available for use by other singers in a variety of situations, reintroducing them to the communities from which they came. This may involve making radio programmes, podcasts and videos based around the songs and their stories.

Young people with an interest in traditional singing are invited to apply to Fèisean nan Gàidheal for a place on the programme. Participants will receive training in necessary skills through Fèisean nan Gàidheal and Tobar an Dualchais.

Assistance with costs will be available and the project will also formally recognise volunteer effort, and a certificate of course completion will be awarded to participants.

Further information from Iona MacDonald at Fèisean nan Gàidheal on 01478 614001 or e-mail iona@feisean.org

